

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh aig Comhairle nan Eilean Siar atharrachadh a dhèanamh air crìochan sgìre-sgoile Sgoil an t-Òib agus Sgoil an Tairbeirt, Na Hearadh.

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a rèir chumhachan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg beachdachadh ann an dòigh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach air moladh Chomhairle nan Eilean Siar atharrachadh a dhèanamh air crìochan sgìre-sgoile Sgoil an t-Òib agus Sgoil an Tairbeirt, Na Hearadh. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill geàrr fhiosrachadh mun phròiseas cho-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a' cur an cèill beachd-smuaineachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach on fheadhainn ris an deach comhairle a chur. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-iomradh air beachd fharsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. Air dhan chomhairle an aithisg seo fhaighinn, tha an Achd a' cur uallach air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich ullachadh. Bu chòir dha lethbhreac dhan aithisg seo a bhith anns an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich agus feumaidh mìneachadh a bhith innte mun dòigh, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh, a tha i air sgrùdadh a dhèanamh air a' mholadh a bha ann aig an toiseach, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh an togail rè a' phròiseis co-chomhairleachaidh agus am freagairt a thug a' chomhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich fhoillseachadh trì seachdainean mus tig i chun cho-dhùnaidh dheireannaich. Far a bheil comhairle a' moladh cur às do bhith a' leantainn air adhart le ìre foghlaim, feumaidh i leantainn nan dleasan reachdail a tha air an cur an cèill ann an Achd 2010, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on tig i chun cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh don luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh am moladh a thoirt air clann agus daoine òga a bha sna sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna on chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd lùghdachadh a thoirt air, no seachnadh droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle a' creidsinn a thig mar thoradh air a bhith a' cur a' mholaidh an cèill, agus na h-adhbharan a tha aig a' chomhairle a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh nan tachartasan a leanas:

- beachdachadh air gach pìos fiosrachaidh sgrìobhte mun mholadh a chaidh a thoirt dhaibh leis a' chomhairle, gu h-àraidh an aithris mu bhuannachdan foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte; agus
- cuairtean gu làrach Sgoil an t-Òib agus Sgoil an Tairbeirt, Na Hearadh a' gabhail a-steach conaltradh ri pàrantan, luchd-obrach agus clann aig an dà sgoil.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle nan Eilean Siar os làimh co-chomhairleachadh air a moladh a thaobh *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*.

2.2 Bha àm a' cho-chomhairleachaidh gu bhith a' dol aig an toiseach bho 20 Samhain 2014 gu 23 Faoilleach 2015. Ach, gus dèanamh cinnteach gun robh a' chomhairle air làn chomhairle a chur ri luchd-obrach, clann, daoine òga agus pàrantan chaidh àm a' cho-chomhairleachaidh a leudachadh gu 5 Gearran 2015. Thug a' chomhairle cothrom do luchd-comhairleachaidh beachd a thoirt air a' phàipear co-chomhairleachaidh agus chaidh coinneamhan poblach a chumail ann an Sgoil an Tairbeirt agus ann an Sgoil an t-Òib air 16 Dùbhlachd 2014. Cha d' fhuair a' chomhairle tagraidhean sam bith bho luchd-comhairleachaidh mun cho-chomhairleachadh.

2.3 Aig deireadh 2013, rinn a' chomhairle co-chomhairleachadh roimhe air sgìrean-sgoile Sgoil an Tairbeirt agus Sgoil an t-Òib fo chumhachan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*. Rè a' cho-chomhairleachaidh seo, thug pàrantan bho bhailtean Gheocrab agus Mhànais seachad am beachd gum b' fheàrr leotha gum biodh na bailtean sin taobh a-staigh sgìre-sgoile Sgoil an Tairbeirt. Tha Comhairle nan Eilean Siar air freagairt ann an dòigh dheimhinneach ris na beachdan sin le bhith a' cur air adhart a' mholaidh a tha seo.

3. Taobhan Foghlam a' Mholaidh

3.1 Tha Comhairle nan Eilean Siar a' moladh atharrachadh a dhèanamh air crìochan sgìre-sgoile Sgoil an t-Òib agus Sgoil an Tairbeirt, le bhith a' toirt bhailtean Licisto, Mhànais agus Gheocrab a-steach do chrìochan sgìre-sgoile Sgoil an Tairbeirt bhon Lùnastal 2015. Tha buannachd foghlaim soilleir an lùib a' mholaidh. Ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, feumaidh a' chomhairle a dhèanamh soilleir a bheil baile Fheòideabhaigh deas air baile Mhànais gu bhith air a ghabhail a-steach san sgìre-sgoile leasaichte airson Sgoil an Tairbeirt. Tha bailtean Licisto, Mhànais agus Gheocrab nas fhaisge air Sgoil an Tairbeirt na tha iad air Sgoil an t-Òib. Bhiodh seo a' ciallachadh nach biodh aig cloinn ri siubhal cho fada air slighean cumhang air rathaidean singilte. Tha am moladh a' dèiligeadh ri neo-riaghailteachd eachdraidheil far an robh sgìrean-sgoile anns an robh cuid de chloinn agus de dhaoine òga a' fuireach a' ciallachadh gun robh aca ri siubhal gu sgoil a bha na b' fhaide bhon dachaigh an uair a bha sgoil eile suidhichte na b'

fhaisge dhaibh. Feumaidh pàrantan bho bhailtean Licisto, Mhànais agus Gheocrab a tha aig an àm a tha an làthair airson an cloinne a chur gu Sgoil an Tairbeirt iarrtas suidheachaidh a chur chun chomhairle agus an uair sin a' chlann a thoirt chun na sgoile iad fhèin air neo iad fhèin pàigheadh airson cosgaisean siubhail air còmhdhail poblach. Ma thèid am moladh a chur an cèill dheigheadh dèiligeadh ris an neo-riaghailteachd seo. Lùghdaicheadh e an àm a tha e a' toirt a bhith a' siubhal chun na sgoile a thaobh na cloinne aig a bheil buaidh dhìreach air an atharrachadh anns na crìochan. Bhiodh e a' ciallachadh cuideachd gum biodh còmhdhail an-asgaidh aig a' chloinn chun na sgoile air slighe nach robh cho fada air rathaidean cumhang, singilte. Bha a h-uile pàrant, neach-obrach agus a' chlann a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt an làn thaic dhan mholadh.

3.2 Tha a' chomhairle air measadh cothromach agus reusanta a dhèanamh air buaidh a' mholaidh air a' choimhearsnachd ionadail. Tha a' chomhairle misneachail nach toir an àireamh de sgoilearan air an toir an atharrachadh ann an crìoch na sgìre-sgoile buaidh, droch bhuidh air rola sgoil seach sgoil. Le sin, cha bhiodh droch bhuidh aig a bhith a' cur a' mholaidh an cèill air a' choimhearsnachd.

4. Geàrr-iomradh

Tha buannachd foghlaim soilleir an lùib a' mholaidh aig Comhairle nan Eilean Siar crìochan sgìre-sgoile Sgoil an t-Òib agus Sgoil an Tairbeirt atharrachadh. Ma thèid a chur an sàs bheir e atharrachadh air neo-riaghailteachd eachdraidheil a tha ann. San aithisg dheireannach aice feumaidh a' chomhairle a dhèanamh soilleir a bheil baile Fheòideabhaigh deas air baile Mhànais gu bhith air a ghabhail a-steach san sgìre-sgoile leasaichte airson Sgoil an Tairbeirt. Tha làn thaic aig a' mholadh bho na pàrantan, luchd-obrach agus a' chlann as motha air an toir seo buaidh. Nan deigheadh am moladh a chur an cèill dheigheadh an ùine siubhail chun na sgoile a lùghdachadh a thaobh na cloinne aig a bheil a' bhuidh as dìriche air an atharrachadh ann an crìochan nan sgìrean-sgoile. Nì e cinnteach gum bi còmhdhail an-asgaidh aig cloinn chun na sgoile as fhaisge orra leis nas lugha de shiubhal air rathaidean cumhang, singilte.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
Gearran 2015